



6. 2  
H. M. 61.











# GÆLIC HYMNS.

BY M. M'R.,

F. C., STRATHY,

FOR THE

USE OF HIS CONGREGATION,

CHIEFLY HIS

EVENING CLASSES FOR YOUNG PEOPLE.

---

1863.



**Lauriston Castle  
Library Accession**

# EARAIL DHURACHDACH

DO AOIS 'S DO OIGE CHO-THIONAIL,  
LE 'MINISTEIR FEIN.

---

'S ge do tha mi 's an āms'  
Lag lāmhach is fann,  
Is nach cuairtichear leam au trēud,  
Tha mo thuiream cho trōm,  
'S mi ri turruaman crōm,  
'S mi gun mhisneachd, gun fhonn ri fēum,—  
'S mi gun mhisneachd, gun fhonn ri fēum,  
'S nach d'thoir aon do mo Mhaighstir spēis;  
'S E cho maiseach, grāsmhor, aillidh,  
'Struagh nach claoídaleadh a ghradh sibh gu lèir.

Ged tha lānachd cho mōr,  
'S gach grās iomlan na stōr,  
Agus fhialachd gu leōr da rēir,  
'S E ri cuireadh gach seōrs,  
Eadar aosd agus òg,  
Eadar bheag agus mhōr ga chōir,  
Eadar bheag agus mhōr ga chōir,  
Gus an saoradh 'o chionta 's 'o bhrōn,  
'S E cho maiseach, &c.

Nach eil 'ur cionta ro mhōr,  
Nach eil sibh salach gu leōr,  
'S nach eil sibh dite fo spōg an Euig,  
Nach eil 'ur plāighean 's 'ur leōn,  
'Ur cuibhreach, daors, 's iomadh brōn,  
'S sibh air chall anns' a cheō gun lēirs,  
'S sibh air chall anns' a cheō gun lēirs;  
Bodhar, dall, bacach, cām 's gach cēum  
'S E cho maiseach, &c.

Tha glōir a phearsa 'sa ghrāis,  
 An Dia-duine lān grāidh,  
 'Se 'n t'Iongantach 's āird, air neamh,  
 'S E 'g iarruidh cēile 's an aits;  
 Ghabhas lūbadh gun dāil,  
 'Sa chuireas cūl ri 'n cāirdean gu lēir,  
 'Sa chuireas cūl ri 'n cāirdean gu lēir;  
 Mur d'thoir iadsan grādh dha fein;  
 'S E cho maiseach, &c.

O nach d'thugadh sibh, chlann,  
 Umhlachd dha mar 'ur Ceann,  
 'S E ni 's maisich na clann na 'n daoin',  
 Mun d' thig croisean nach ganu,  
 Agus trioblaidean teann,  
 Bheir 'ur eridhe fo champar dūr,  
 Bheir 'ur eridhe fo chāmpar dūr;  
 'Sa ni 'ur beātha na shearbas 's na thūrs;  
 'S E cho maiseach, &c.

Cha deachaidh innleachd air ghlēus,  
 Shuas an Rioghachd na'n nēamh,  
 No air an talamh so fein air dōigh,  
 Chuireas na h-ainglibh gu lēir,  
 Cho mōr fo' iongnadh gu sior,  
 A faicinn ullachadh Dhia do dhaoin',  
 A faicinn ullachadh Dhia do dhaoin';  
 'Sa naoimh na'm fianuis air mōrachd a ghaoil,  
 'S E cho maiseach, &c.

'S och a chlannag na h-ōig,  
 Nach d'thigeadh sibhse ga chōir,  
 Sibh a gheibheadh uaith pōg a ghrāidh,  
 Cha 'neil na 's lugha na phōig,  
 Na bhi gu siorruidh ris pōsd',  
 'S 'ur deanamh son' ann an glōir gu brāth,  
 'S 'ur deanamh son' ann an glōir gu brāth;  
 Far nach d' thig osna, no deōir, no crādh;  
 'S E cho maiseach, &c.

A dh' ain deoin peacadh is truaigh',  
 Dh' aindeoin Shatain le bhuir' 'bh,  
 Agus naimhdeas buan na feōl',  
 Sin 's an saoghal mun cuairt,  
 Tha fo dhruidheachd cho cruaidh,  
 'S an taobh a stigh ged' tha 'n truailleachd mōr,  
 An taobh a stigh ged' tha'n truailleachd mōr;  
 Ann 'a fhuisan tha ēifeachd gu leōr;  
*'S E cho maiseach, &c.*

'Sa shluagh Srath-Haladail gu lēir,  
 Eadar ḍig agus aois,  
 O nach dūin sibh ri Criosda gun dāil,  
 'M feadh 's tha lāmhan ribh sgaoint,  
 'G iadhadh umaibh gach taobh,  
 Gus 'ur dion 's 'ur cur saor 'on bhās,  
 Gus 'ur dion is 'ur saoradh on' bhās;  
 Is gu 'm bī sibh sār lionta le ghrādh;  
*'S E cho maiseach, &c.*

A shluagh na Mealbhaich ud thall,  
 O na bithibh cho mall,  
 Ach fēuch gu 'm pill sibh gu teann na dbāil,  
 A muinntir aosmhòr, 'sa chlann,  
 Pillibh risan 's an ams',  
 'S gheibh sibh iochd ann 'a shaibhreas grāis,  
 Gheibh sibh iochd ann 'a shaibhreas grāis;  
 Is cha phill sibh 'o leantuinn gu brāth;  
*'S E cho maiseach, &c.*

A shluagh Phort-sgeirean nan tonn,  
 Deanaibhs' cabbag gun mhaill,  
 'S na fāgaibh seann neach no clann n'ur dēigh,  
 Ach thigibh 's togamaid fonn,  
 Gabhaibh misneachd se thann,  
 'S E gar cuireadh gu teann leis fein,  
 'S E gar cuireadh gu teann leis fein;  
 Gus an dean E gu siorruidh sibh rēidh;  
*'S E cho maiseach, &c.*

'Sa shluagh tha uaigneach leibh fein,  
 Gun bhi ri tuasaid no strēup,  
 A'm Baile-gile, nach ēisd sibh ri m' dhān,  
 Teichidh! Teichibh, gu dian,  
 Dh' ionnsuidh Dhia ann an Criosd',  
 'S na fāgaibh iong' aig an Diabhol na thrāill,  
 Na fāgaibh iong' aig an Diabhol na thrāill;  
 Ach cuiribh dearbhadh air saibhreas a ghrāis;  
 'S E cho maiseach, &c.

'Sa mhuinnitir Shrathaidh nach ēisd,  
 Sibhse chuireadh dhuibh fēin,  
 'S gu'm bi sibh nise ris reidh tre bhās,  
 Thigibh, thigibh gu leir,  
 'S na fāgaibh leanabh nar dēigh,  
 'S gheibh sibh beannachdean siorruidh g'ur sāth,  
 Gheibh sibh beannachdean siorruidh g'ur sāth;  
 Saibhreas, urram, is glōir gu brāth;  
 'S E cho maiseach, &c.

A shluagh an Rugha 's na h-āird;  
 Dhuibhs' tha focal na slaint',  
 'S fēuch gu'n d'thoir sibh dha ait' mar 's cōir,  
 Na diūltaibh uaibh E le tāir,  
 Ach gabhaibh ris ann an grādh,  
 Sibhs' tha aosd' is an t' āl tha ḍog,  
 Sibhs' tha aosd' is an t' āl tha ḍog;  
 Thugaibh gaol da 's na ghrādh bithibh beō ;  
 'S E cho muiseach, &c.

A mhuinnitir Armadail shuas,  
 Thugaibh gēill dha gu luath,  
 'M feadh 's tha thraigse n'ur cluais gach lā,  
 Tha chridhe lān dhuibh le truas,  
 Dūnaibh risan mar shluagh,  
 'S na fāgaibh aonan air chuairt 'o'n treñd,  
 Na fāgaibh aonan air chuairt 'o'n treñd;  
 Tha aig' ionaltradh dhuibh gu leir;  
 'S E cho maiseach, &c.

Ma dhiūltas sibhs' E le tair,  
 Dūisgidh chorruich gun bhāigh,  
 'S dūnaidh 'n dorus gu brāth air 'ur srōin,  
 'N sin būiridh sibhse gu h-āird,  
 Mar tharbh fiadhaich an sās,  
 'S fheirg g' 'ur lionadh, muir-lān ro mhōr,  
 'S fheirg g' 'ur lionadh muir-lān ro mhōr,  
 'S teine lasrach dhuibh deālradh a ghlōir;  
 'S E cho maiseach, &c.

Nis co-dhūineam mo dhān,  
 'S ann 'm focal no dhā,  
 Guidheam oirbh innisibh dha 'ur leōin,  
 Dōirtibh mach ann 'a lāth 'ir,  
 Gach plaigh 'n'ur eridhe tha'n tāmh,  
 'S innisibh dhā "fhuair am bās oirn' cōir,"  
 Innisibh dha "fhuair am bās oirn cōir;  
 Ach deans' ar teārnadh le d'shlainte mhōir;"  
 'S Tu cho maiseach, grāsmhor, aillidh,  
 'Struagh nach claoideadh do ghrādh sinn gu leir.

Nach truagh leibh fēin mar a thā.  
 Mise dh'oidhche 's a lā,  
 Gun sgur ri caoidh is ri cānran brōin,  
 Na 'm faicinn cūram air cāch,  
 Fo bhuaidh na driūchd tha 'o 'n̄ āird,  
 Bhiodh mo thūrsa toirt aite do cheōl,  
 Bhiodh mo thūrsa toirt aite do cheōl;  
 'S bhiodh mo shūil ris na clārsaichean Oir;  
 'S Tu cho maiseach, grāsmhor, aillidh,  
 'Struagh nach claoideadh do ghrādh sinn gu leir.

# RABHADH MU MHEALLTAIREACAD

## A PHEACAIDH.

---

An sluagh tha socruch is sāmhach,  
Anns' an fhāsach gun imcheist ;  
M bheil sibh 'n staid tha neo-shābhait,  
Is sibh ga cāradh na miribh ?  
Bithibh dearbhta na thrā,  
Mun d'thig am bās g'ur toirt imrich ;  
Nach truagh 'ur glacadh gun ghrās,  
'S Nach fhaigh sibh fābhar gu siorruidh.

Am feadh 's tha la na slāint' ann,  
Feuch gu 'm fār sibh bhi ciallach ;  
Se sin dunadh ri Slānuighear,  
'S le sin trā a bhi diadhuidh,  
Cuiribh cul ris an namhuid,  
Leis an aill sibh bhi striochdt' dha ;  
Se fein tamhusg cho tāireil,  
Ris gach traill tha fo' riaghladh.

Nach eil a sheirbhis cho salach,  
Is cho amaideach suarrach ;  
'S nach eil neach a gheibh aithn' orr,;  
Nach d'thoireadh seachad gun duais i,  
Oir ciod is milltich no 'm peacadh ?  
'S pāighidh ceartas a dhuais dha,  
Bidh Esan dileas da bhagradh,  
Cho maith 's na ghealladh da shluagsan.

Faodaidh mise bhi labhairt,  
 Ach ceilg a pheacaidh tha diomhair ;  
 Se grādh da nādar 's da chleachdad,  
 Tha tāladh folaicht' le mhiannaibh,  
 Tha toirt an ainm do na peacaich,  
 Tha le taitneas ga dhian-ruith,  
 'S mar gu'm b'fhior dhoibh gur beatha,  
 Bhi cho caidreach ga iarruidh.

Is faodaidh sibhse bhi 'n dōchas,  
 Gu 'm faigh sibh sōlas sa pheacadh ;  
 Ach mheall e ghnā air na slōigh,  
 A bha an cōmhnnidh do n' bheachd sin,  
 Sann fhuair iad donas is dōlas,  
 Cho fad' 's bu bheō iad ga chleachdad,  
 'S a chuid a dh'aithnich a sheōltachd,  
 Cha bhiodh cōirdt' ris na b'fhaide.

Fhuair e fasgadh 's an fheōil,  
 Is chuir i seōl da air leabuidh ;  
 'S iad ana miannaibh na-h-ōige,  
 A thigh-fōghlum is cleasachd,  
 Theid e 'n eruthaibh cho neōnach,  
 'S gu saoil mōran gur maith e,  
 Gus an lōtadh 's an leōnad,  
 'S an cur fa dheōigh fo' chruaidh ghlasaibh.

Och nach mosgladh 's nach dūisgeadh,  
 Sibh 'o thūsal 'ur codail ;  
 Chi 'te leibh sibh bhi rūisgte,  
 Ge d'tha sibh 'n dūil a bhi beartach,  
 'S ann tha sibh ainniseach, leōinte,  
 Brūite, breōite 's ro shalach ;  
 'S 'o nach lēur dhuibh 'ur dōruinn,  
 Cha'n iarr sibh seōl ni 'ur glanadh.

Tha luibhre pheacaidh mar chnāmhuinn,  
 A' gabbail tāmh ann 'ur ballaibh ;  
 Ged' nach eil e na phlāigh leibh,  
 Mar bha le Paul air an talamh,  
 Cha bhi ris cogadh mar nāmh,  
 Far nach eil grās anns an anam ;  
 'S coisnidh esan buaidh-lāraich,  
 'S bidh sibhs' n' 'ur trāllibh fo' chosaibh.

Ach O nach fhaic sibh a chāirdean,  
 Cho daor 's chaithd teárnādh a cheannach ;  
 Nach mōr a chosd e do 'n t' Slānuighear,  
 Slāinte chosnadhdh do pheacaich,  
 "Dhoirt E anam gu bas,  
 Is chaithd āireamh measg chiontach,"  
 'S feuch gu 'm faighear sibhs' trā ann,  
 Mu 'n slaod ambās sibh do ifrinn.

Ann an co-dhūnadh m' ōrain,  
 Leigibh dhōmh's chur n' 'ur cuimhue ;  
 Gu bheil E cuireadh gach seōrsa,  
 'S nach e dhōigh bhi gan diültadh  
 Cha 'n ann da h-aindeoin ach deognach,  
 Tha E pōsadh a Cheile ;  
 Cha bhi uireasbhuidh cōmhdaich orr',  
 'Sa lōn bithidh cīnnteach.

# IMPIDH

LE MINISTEIR AIR A SHLUAGH,

AIR DHA BHI TINN.

---

'S truagh nach ro 'mi daonnan,  
'Sa ghrādh thug mi ḍōg,  
Be cuspair a ghaoil ud,  
An aon Fhear-saoraidh mōr ;  
Se thairisneachd a chlaoideh mi,  
'Sa mhaise rinn mi aoidheil,  
'Sa chaoimhneas graidh fhuair rūm leam  
A ghnāth do na slōigh.

'Sa dh' aindeōin cho caillte  
'Sa chi 'eam aois is ḍōig,  
Ge d' ro' iad bodhar, dall, 's iad  
Na 'luidhe marbh gun deō ;  
Ach cha d'thoir mise dūil diubh,  
Gu'n dean am bās an suilean,  
An cur fo ghlasaibh dūinte,  
Gu'n cur 's an ūir fo'n fhōid.

'On tha ghrādh cho saibhir,  
Is cinnteah cho trēun,  
Cha 'n eil peacach caillte,  
Cho aingidh 's da'm bheil e ;  
Nach dean E chridhe naimhdeil,  
Ge d'ro e nimheil puinnseant,  
A chur an ḍordugh rūmail,  
Gu aoidheahd dha fein.

Nach mise chitheadh seann daoine,  
 Caoidh oscionn an leōin,  
 Fhad 's tha la' soillseach,  
 Ag' feuchainn dhoibh a ghlōir ;  
 Mu'n tuit orr' an oidhche,  
 'S an tōisich brōn gun aoibhneas,  
 Bidh gul is giosgan fhiacal,  
 Le piantaibh'n teine mhōir.

Ach mur a d'thig an aois leinn,  
 A dh'ionnsuidh Chriosd a ghrāidh,  
 'S gun lean iad air sir-ruith,  
 'S an t'slighe chlaoin gu'm bās ;  
 Ciad idir a ni sinn,  
 Ach a bhi gul'sa caoineadh,  
 Ga'm faicinn a' dol cli,  
 Is gun sith dhoibh gu brāth.

Ach an gabh sibhs' tha ḍog,  
 Idir eōlas air a ghrādh ?  
 Se'm Fear-nuadh-posd' E,  
 'S tha phōgan saibhir lān ;  
 Cha'n iarruins' dhuibh do shōlas,  
 Do shonas, is do shōgh,  
 Ach sibh a bhi'n diugh pōsd' ris,  
 Is cōla' ris gu brāth.

On'chuir E mis' do'n tīr so,  
 A dh'iarruidh cēile dha,  
 Ma dhiultear leis an aois E,  
 'S nach d'thoir iad aoidheachd dha ;  
 Ciad idir a ni sibh,  
 A ghillean ḍog, 'sa nīneagean,  
 'N d'theid sibh leis an Righ so,  
 Se 's mo bhios no bhā.

An d'theid sibh leis an Righ so,  
 Se 's mo bhios no bhā,  
 Thugaibh freagradh direach,  
 A dh'innseas mise dhā ;  
 Ma dhiulteas sibh le dīmeas,  
 Le tarcuis E' s le mi-mhodh,  
 No 'n gabh sibh E da rireadh,  
 'S gu'm bi sibh dileas dhā.

An d'theid sibh leis an Righ so,  
 Se 's mo bhios no bhā,  
 Is cha'ne leth na Rioghachd,  
 A bheir E dhuibh mar phāirt' ;  
 Ach gheibh gach neach dhibh Rioghachd,  
 Bhios maireann buan gu siorruidh,  
 Is crūn a chosd cho daor dha,  
 'S nach ceannuich saoghal le ḍr.

Och ! och ! a mhuinntir og, leibhs'  
 'An deōnach dhol a dhith ?  
 Tha'm Fear-saoraidh beō,  
 Is an cōmhnuidh ribh a stri ;  
 A teagasg dhuibh gach lō,  
 Sibh a philltinn o 'ur gōraich,  
 'S gum bi sibh risan pōsd'  
 Ann an sōlasan a ghaoil.

Na cumaibh mi fo'leōn  
 Is gun dōchas da 'ur taobh,  
 A la sa dh'oидhch' gun sōlas,  
 Is bronach os 'ur cionn ;  
 Ma's maith leibh bhi ris pōsda,  
 Na cuiribh dail sa chōrdadh,  
 Ach dūinibh ris ceart-cōla,  
 'S gun deōnaich E sin dhuibh.

Ged 'tha sibh aoibhneach ḍigeil,  
 Gun smal no breōiteachd'aois,  
 Chi sibh cuid de' 'n t'seōrs' ud,  
 Gu tinn fo spōig an aoig ;  
 Cha'n fhaic sibh iad nar cōdhail,  
 Air sabaid no aig ḍordugh,  
 Gu'n tuit sibh fein sa chōmhrag,  
 Fo spōgaibh trom an aoig.

Aig 'ur dorus tha E bualadh,  
 Is fhuaim 'n 'ur cluais an trāth s',  
 Nach fosgail sibh gu luath dha,  
 Mu 'n teich E uaibh gu brāth ;  
 Tha innidh chridhe gluasad,  
 Le ro mheud iochd sa thruais ribh,  
 A gul oscionn 'ur truaighean',  
 'S an d'thoir sibh fuath da ghrādh ?

O thugaibh aoidheachd chairdeil,  
 Gun dāil do'n t'slānuighear chaomh,  
 'Se 'n call as mo a bhā,  
 Is gu brāth is mo bhios ;  
 Ma dhiulltas sibh le tāir E,  
 'S gun dūin sibh mach a ghnāth E,  
 'S E'n diugh ag'iārraidh fárdoich,  
 Gu tāmh a ghabhail leibh.

Na 'm baithne dhuibh 'ur calldach,  
 Cha b'aoibhneas duibh ach brōn,  
 Ag faicinn 'ur staid chaille,  
 N'ur cloinn na h-oidhch'sa cheō ;  
 'Ur sūilean dūint' gun leirsinn,  
 'S nach fhaic sibh soills' na greine,  
 'S an t'slāinte mhōr fo' sgēith,  
 Gu bhi leigheas chrēuchdan lēoint'.

Thig trioblaid, tinneas, 's buaireas,  
 Ni tuairgneadh oirbh gach taobh,  
 A dhearbas 'm bheil sibh fuasgait,  
     Gar fuadach mar le gaoith ;  
 No'n deach 'ur togail suas, air  
     A charruig dhaingean bhuadhaich,  
 'S gun seas sibh ris gach luasgadh,  
     Tha buailteach do na naoimh.

Thig la mor a chruadail,  
     Air na sluaigh gu leir,  
 A dhiullt le tair 's le suarchas,  
     An t' uan le bhuaidh 's le reit ;  
 "Imichibh gu luath uam,  
     A chum an sgrios 's na truaighe,  
 A mhaircas siorruidh buan,  
     'O na dh'fhuathaich sibh mi fein."

Thig la'bheir an cuan uaith',  
     Na shluigeadh suas leis fein,  
 Fosglaidh beul na h-uaighe,  
     'S bheir suas na luidh na crē ;  
 Gheibh sibhs' is mise 'nuair sin,  
     A reir ar gne 's mar għluais sinn,  
 'S an t'-saoghals' fad ar cuairt ann,  
     'S ar duais bidh'n sud da reir.

Bidh na naoimh lān aoibhneis,  
     Na'n oighreachd fear an graidh,  
 Ged 'nach b'ann mur thoill iad,  
     A roinn E riu a għrās ;  
 Ach dh'fheuch E dhoibh a thoilltineas,  
     'S glōir a Phears' cho saoibhir,  
 Is choisinn E air ball iad,  
     Le cheanglaichean grāidh.

Na h-aingidh bidh fo' uamhas,  
 'S làu fuathais ro mhōr,  
 Bidh 'n coguis fein ga'n crādh,  
     Mar an sābh a' dol na'm feōil ;  
 Bidh 'n lagh ag iarruidh riarchaidh,  
     'S ceartas 'g agairt dioluidh,  
 'S 'o sin se an-iochd dhiabhol,  
     An comunn siorruidh broin.

Ri mullach na stūc-bheann,  
 An sin bidh 'n ūrnuiigh reōit,  
 Is ris na creagaibh dūbhlaidh,  
     Ach an dūin siad iad fo'n cleōc ;  
 Ach sann bheir iadsan ūmhachd,  
     Do'n Ti a rinn air tūs iad,  
 'S gu'n leagh iad leis na dūilean,  
     Roi' ghnūis tha lān do ghlōir.

Bidh iomsgaradh na h-ēigin,  
 'O chēil' air muinntir ḍōg,  
     Is cluinntear iad ag' ēigheach,  
 "Ar leir-chreach rinneadh oirn!"  
 'S am Párantean na'n dēigh sud,  
     Ri mallachadh a chēile,  
 'S an clann le' malluchd fein orr',  
     Nach d'thug dhoibh fōghlum ḍōg.

Bidh Ministeir neo-dhileas,  
 Bha sliobadh an treud,  
 Bha lamhach gu stiopainn,  
     Is Glib'a bha da rēir ;  
 Mar mhadadh fo' mhī-mheas,  
     'S fo' mhallachadh na miltean,  
 Ga leantuinn a dol sios leis,  
     Gu ionad pianntail brōin.

Bidh Ministeir bha dileas,  
 Do'n fhirinn chur an cēill,  
 Na sheasumh laimh ri Criosa,  
 Ard-Chiobair an trēud ;  
 Bidh leisan beagan chaorach,  
 A threōraich e gu direach,  
 A dh'ionnsuidh beatha's naomhachd,  
 Tha'n aon-ghin Mhic Dhe.

Nis criochnaicheam mo dhān duibh,  
 Is leigeam 'n slān so leibh,  
 An cuir sibh cūl gu brāth ris,  
 Gu bhi na nāire dhuibh ;  
 Se nise la na slāinte,  
 'S E tairgse dhuibh a ghrāsan,  
 'S gu'n d'thoir E dhachuidh sābhailt,  
 Da Phāras sibh mar chloinn.

Ach ciod an diugh'ur cuibhrionn,  
 Na bithibh null sa nall,  
 Cha n'eil dol as gun dhiultadh,  
 No bhi na chuibhrionn leibh ;  
 Ma nithear leibh a dhiultadh,  
 A chorruich cuiridh smūid ribh,  
 Ach leis ma ni sibh lūbadh,  
 An crūn do bheir se dhuibh.

## AN T-SAOTHAIR.

---

Och! och ! is mi sgìth, 's an-shocair mo chridh',  
Ga m' chumail fo' dhaors' cho buaireasach;  
'S nach urra' mi inns' do mhuinnitir an t-saoghail,  
No do chuideachd mo ghaoil an uaignidheas.

Ach na 'm faighinnsa saors', is anail na sìth,  
Le focal an Righ bhiodh buadhach leam,  
Cha bhiodh m' ḍorgan gun ghlèus, no mo chlārsach air ghèuig ;  
Ach sheinneadh gach teud gu fuaimneach leam.

'S ge d' tha mi cho sgìth, 's gu minic cho tinn,  
'S nach fhaigh mi 'o 'n t-saoghal fuasgladh uath,  
Na 'm faicinn an aois toirt thairis bhi baoth ;  
Cha chreid mi nach b-'aochadh air uairean e.

Ach a' faicinn gach là, muinntir aosda 's am bàs,  
Ri gleachd gus am fàr e buaidh thoirt orr',  
'S iad a' luidhe gu bràth, fo' 'n a bhinn'ud a bhà;  
Fad là' na slàint' na 'n cluasaibhsau.

Cha 'n 'eil imcheist no cràdh, no iomaguin roi 'bhàs,  
Cur an anam 'an sàs ach am fuasgailear iad,  
'S-ann tha iad na 'n tàmh, gun aithn' 'air gach plàigh ;  
No na galairean grànd' leis 'n do thruailleadh iad.

Gun urram do 'n t-Slànuighear, no meas air a shláint',  
A choisinn E chàch 's a fhuaradh leò ;  
Oir dh 'eignich a ghràdh E gu fulang a bhàis,  
'S leis bhrudhadh an nàmh is bhuadhaich E.

Nach èisd sibh gun dàil ri chuiridhean gràidh,  
 Ge d' 'chaith sibh 'ur lāi' ga fhuathachadh,  
 'S a bharrantas làidir ma thig sibh mar thā sibh ;  
 Nach tilg E gu bràth fad' uaithe sibh.

Ach innsibhse dhà, gach nì mar a thā,  
 'S ge d' 's ceannairceach, gràineil, truaillidh sibh,  
 Tha èifeachd is sláint, na fhuil is na ghras,  
 Gus 'ur 'n ionnlad, 's gach lā 'ur 'n ath-nuadhachadh.

Dòirtibh na lath' ir 'ur eridhe le 'a lān,  
 Dha 's aithne ma thra, chuid cluainteirachd,  
 Is Esan a mhain, an neo-chriochnachd a ghraidh,  
 Da 'n comas gu brath air buaidh thoirt dhuibh.

Ach fiachaibhse dhà, 's na ceilibh le bàigh,  
 Aon pheacadh fo sgàil an uaignidheas,  
 Is leisan mar 's àill, orra sud biodh 'ur làmhs',  
 'S am fuiling iad 'm bàs as uamhasaich'.

Measaibh 'm peacadh 'ur nàmh, oir cha ghèill e gu bràth,  
 Gus an d' thoir sibh dhà 'm bàs cha bhuadhaich sibh,  
 'S ma leigeas sibh dhà, na 'r creich fo' a smàig,  
 Bidh sibhse gu bràth fo' uachdranachd.

Ach mar shaighdeiribh blàir, bithibh faireil a ghnàth,  
 Is faicibh gach àird 's an gluaisear leis,  
 Biodh 'ur claidheamh' n' ur laimh, 's leis sgoiltibh a cheann,  
 Sgiath, clogaid, 's 'ur ceann biodh cuairtaichte.

On' tha meirg air an aois, 's am buadhan cho maol,  
 'S nach àill leo an saoghal so fhuathachadh,  
 Nach tionndaidh sinn ribhs' tha òg agus maoth ;  
 Ach an èisd sibh ri brigh mo thuairisgeil.

Ge d'nach'eil sibh gun ghiamh'ngabh mar mheangain sibh sniomh,  
 Mu'm fàs sibh cho fiadhaich, cruaidh-cheannach,  
 Se nise gu fior, am is taitnich bhi' g iarruidh ;  
 Còir shláinteil an Criod a bhuanacheas.

Ge d' ro' sibh fo' dhaors', le coi-cheangal gniomh,  
 A bhris sibh le'r cèud Athair cùmhnnanta,  
 Nach d'thig sibh gu Criod, Fear-pàighidh na'm fiach,  
 'Sa chuireadh cho fial g' 'ur dùnadh ris.

An cùmhnnant a bha, air a dheanamh ri Adhamh,  
 Arson beatha bhi dhà, 's da theaghlaich leis,  
 Le easùmhlaichd do' n àithne, bhris iad gach clàr,  
 'S na 'n creich do gach bàs, ghrad thionndaidh iad.

Ach Criod ann 'a ghràdh, Ceann cùmhnnant na 'n gràs,  
 Le ùmhlaichd do' n àithne bhuadhaich E,  
 'S choi-lion E na Clàir, chaiddh a bhriseadh le càch,  
 'N sin dh' fhuiling E na bàis bu duais dhoibh sud.

O n' dh' èirich E'n àird, 'o ghlasaibh a bhàis,  
 'S air peacadh is Satan bhuadhaich E,  
 'S aig an deas-laimh gu h-àrd, tha E tagradh gu bràth,  
 Gus an aisig E bhràithrean gu suaimhneas leis.

Tha cùmhnnant na 'n gnìomh, ag' cumail gu dìan ribh,  
 "Coisnibh 'ur Dia le'r deanadas,  
 'S mar coisin le'r gnìomh, bidh mo mhallachdan siorruidh:  
 G'ur leantuinn ag' iarruidh duaise uaibh."

Ach èisdibhse trà, ri guth an Uain-chàisg,  
 Se dh'fhuiling gach bàs 'nuair chèusadh E,  
 Se ghuth-san tha 'g ràdh, do'm ionnsuidh gun dàil,  
 Grad thigibh 's mo ghràs ni saoibhir sibh.

Annsan a mhàin, bidh sibh iomlan tre ghràs,  
 Se fèin le 'lùnachd is cuibhrioun duibh,  
 'Sa chùmhnnanta gràis, cha bhris sibh gu bràth,  
 Oir thuirt E, "cha 'n fhàg 's cha treig mi sibh."

"Cha phill iad a thaobh, 'o m'leantuinn gu caomh,  
 'S ge d' philleadh cha 'n fhaod iad buanachadh,  
 Ni còrdaibh mo ghaoil, an tarruing a ris;  
 'S mo smachdachadh dileas ga 'n gluasad leam."

“ Cha chaillear a h-aon diubh, dh’aindeoin an t-saoghail,  
 Le ’ribeachan clì ga suainneadh ump ;  
 Na fhuair mi ’o thùs, ’o m-Athair na rùn ;  
 ’Bheir mi dhachaидh gu dlù’ da ionnsuidh iad.”

“ Ge d’ tha nàmhaid mar chù, na luidh’ ann an cùil,  
 Ach an glac e le chùil-bheart innleachd’ iad,  
 On’ chuir iad ris cùl, bidh mis’ dhoibh a’ m’ thùr,  
 ’S ’a m’ thaic air gach taobh, ’s nach claoen iad uam.”

Nis’ sibhs’ tha gun tùr, nach gabh sibh ra ghnùis,  
 Is Ceannard, Fear-iùil, is Lèigh dhuibh E,  
 Cha ’n ’eil galair no grùid, chuir am peacadh n’ ’ur grunnd,  
 Nach glan is nach sgùr E gu diongmhalta.

’S bochd an oighrechd co-dhiù, na chi sibh le’r sùil,  
 Ge d’ gheibheadh sibh, dùbailt cuibhrionn dheth,  
 Ach iarraigheil air tùs, an rioghachd is fiù,  
 Ge d’ nach fhaic sibh le’r sùil i gu ’miannachadh.

Cha teàrnar gu fior sibh, mar gabh sibh ri Criosc,  
 ’S gu ’m bì E na bhiadh ’s na aodach dhuibh,  
 ’Ur neart gus ’ur dion, ’ur Righ gus ’ur riaghladh,  
 ’Sa reachdan gach ial so-iomchair leibh.

S’e ’n caraide gràidh, a leanas ’s gach càs,  
 Na ’s dlùighe no bràth ’ir an dìllseachd dhoibh,  
 Cha sgar beatha no bàs a nis’ no gu brath,  
 Gu siorruidh ’o ghradh an Fhilean s’ iad.

Se m’ úrnigh a ghna, gu’n lùb sibh leis trà,  
 ’S gu ’n coisinn a ghradh gn h-iomlan sibh,  
 ’S nach bì sibh mar chàch, da ’n cleachdadadh gach là,  
 Bhi ceannairceach, àrdanach, iorghiolach.

Tha lanachd gach gràis, ’s gach firinn ann tāmh  
 ’S tha mhais’ agus ailleachd ro-ionmhuinneach,  
 ’S ge d’ tha mhòrachd cho ard, ’s nach tuigear gu brath i,  
 Tha E iriosal, grashmor, tiomachridheach,



Co-dhùineam mo rainn, le Soiri thoirt leibh,  
 'M bi sgaradh a chaoi 'o'n t-Slānuighear ann ?  
 'N'e tuireadh is caoidh a la 's a dh' oidhch,  
 Bhios agam sibhs' diùltadh sābhalaadh ?

'N uair choinnicheas siNN, gu faighinn ar binn,  
 An robh mise dileas, càirdeil ribh ?  
 'N do mhealladh sibh leam, mar amadan dall,  
 Gun bhi sparradh oirbh cuing an t-Slanuighir ?

Ma gheibhear sibh 'n Criod, le cruthachadh Dhia,  
 Gun teagamh is creutarean nuadha sibh,  
 Ach ma's tlachd agus miann leibh seirbhis an Diabhoil,  
 'Se chomunn gu siorruidh is cuibhrionn dhuibh.

'N diugh dùinibh ri Criod, 's ur cuibhrionn se Dia,  
 Biodh tart agus miann na naomhachd oirbh,  
 'S cha dean peacadh, no diabhail, no neart anamiannaibh,  
 Ach 'ur teannadh ni's dian, 's ni's dlùighe ris.

## SGIOBAIREACHD NA 'N DEISCOBUICH.

ISAIIH liv. 4. II.

Tha mise gu trōm gun suigeart gun fhonn,  
 Mar Luing a measg thonn air an luasgadh leo;  
 'S i gun stiùir air bhann gus a' cumail gu teamu,  
 'S na siūil 'o gach crann air rèubadh orr'.

Tha èu-dion mu 'n druim, 's i lionadh le taoim,  
 'S gach làmh air fas fann le saoithreachadh;  
 'S gach tonnadair spàrrt' air liònadh le teàrr,  
 'S cha taom iad an ãird 'o h-iochdair i.

Tha lōn air fās gann, 's am beagan a th' ann,  
 Fo' ghlasaibh gu teann gu h-iosal innt';  
 'S nach ruig sinn air greim ge d'tha sinn cho fann,  
 'S e domhuinn fo' 'n taoim th' air dīreadh oirn.

Tha 'n doinionn cho cruidh a' seideadh 'o' n tuath,  
 'S i seasamh cho buan 's cho diobhalach;  
 'S ge d' b' aithne dhuinn cruadail iomadaidh uair,  
 Cha 'n fhurtachd no fuasgladh sa' chūis so e.

Tha gach Barc agus Long tha marcachd na 'n tonn,  
 Dol seachad na'n deann 's cha taobh iad riunn;  
 'S ge d' shealladh iad ruinn cha 'n fhurtachd e leinn,  
 'S gun mhodh air an tionac no 'n saor iad sinn.

'Nuair dhēigheas iad ruinn le guth na gall-tromp,  
 'S iad fèin agus fonn an aoibhneis orr';  
 Ach sinne 's ar Long mar eadar dha-lunn,  
 Dol fodha 's gun dūil ri éirigh leinn.

Na tha lōn ri ar taobh ann an sealladh ar sūl,  
 'S plaosg mhuc e nach fiù 's nach dean tairbhe dhuinn;  
 Chaidh a thoirmeasg 'o thūs, 's bheir e 'm bās leis co-dhiū,  
 'S cha phill sinn mar chū gu sheilbheachadh.

Co neach tha cho tūrail, cho fiosrach, 's cho iūlmhor,  
 'S gu 'n abair, "cha libhrig am Prionusa sibh;"  
 Ach thugadh es-an an àithn' do'n doinionn "bi 'd thāmh,"  
 'S do 'n fhairge "bi sāmhach" 's grad ghēillidh iad.

Faic neach air na tuinn ag imeachd gun fhiamh,  
 Nach ionann is Dia a dheanadh sud;  
 Ach tha eagal am chōm gur tanasg a th' ann,  
 'S gus ar milleadh's an doimhne so thāinig e!

Ma 's E 'm Prionns' ud a th' ann nis' abradh E riums;  
 "Thig thusa do 'm ionnsuidhs' a Phādruiig bhochd;"  
 Dol fodha gu dian, tha mise dol sios,  
 Dean furtachd mo Dhia is sābhail mi!

Carson a tha thu mi-chreideach gun lüths,  
 'S nach coisich thu t-ürnuigh do 'm ionnsuidhse?  
 Ach lap thu cho luath an glacaibh na 'n stuadh,  
 Nach lag agus truagh as m' èugmhais' sibh.

Nis fõghlumaibh chlann gur mise bhur ceann,  
 'S 'ur Fear-teagast 's gach am 's na dòmhachdan;  
 Is thigibh am dhéigh, 's togaibh oirbh 'ur crann-céus',  
 S fein aicheadh 's gach cēum ra ionnsachadh.

Na gabhaibh ri sēideadh le ain-eolas 's eud,  
 Bheir 'ur cosaibh 's ur cēum gu sleamhnachadh;  
 A' cur bacadh orm fein a' ruith anns an rēis,  
 Tha romham, 's a dh'fhéumas mi choi'-lionadh.

Cha leibh bhi ri uaill air an taobh so de'n uaigh,  
 Ach a mhain deanaibh uaill as 'ur n-anmhuinneachd;  
 'S deanaibh uaill ann 'ur Dia, tre chreidimh gun ghiamh,  
 Oir a bhuaidh a thug Criod is leibhse sud.

Bithibh macanta ciūin, is iriosal brūit,  
 Ag itheadh sa chūil na dh, fhaodas sibh;  
 Biodh 'ur enāmhan cho ûrar, is sult air 'ur gnūis,  
 'S theid a' nāmhaid a bhruthadh fo'r sāilibh dhuibh.

Cumaibh cogadh gun sith air chois ann 'ur crìdh',  
 Ri naimhdibh an Righ gun bhāigh riutha;  
 Gu 'm faic sibh gach aon diubh tuiteam sa chaonnaig,  
 'S toirt thairis gun chli 's a' bāsachadh.

'N sin mealaidh sibh sith an comunn 'ur Rīgh,  
 Gun bhuaireas, gun daors', gun sāruchadh;  
 Ach sonas is saors' nach urra' mi innis',  
 'S nach tuig sibh a' mile pairt dheth nis.













X

\*

A

t

